

PACA-IARRTAIS-OBRACH



Dreuchd	Cunntachail gu
Obraiche Teicneòlais	Manaidsear Obrachaidh (Goireasan)
Stèidhichte	Steòrnabhagh
Deit Dùnaidh	7 Iuchar 2021, 2f
Agallamhan	27 Iuchar 2021, air Teams

23 Ògmhios 2021

A thagraiche chòir

IARRTAS OBRACH – OBRAICHE TEICNEÒLAIS

Taing airson d' ùidh san dreuchd airson Obraiche Teicneòlais, ag obair mar phàirt den Sgioba Obrachaidh ann an Steòrnabhagh.

Tha e a' toirt toileachas dhuinn am paca-iarrtais-obrach a chur an cois seo.

Gus tagradh a chur a-steach, cuir a-steach litir-chòmhdachaidh agus an CV agad le iomradh air do sgilean, eòlas agus comasan, a' cur aire shònraichte air an Sònrachas Obrach. Bu mhath leinn cluinntinn mu do chomasan agus eòlas bhon dà chuid obraichean pàighte agus saor-thoileach. Ma tha thu ag iarraidh còmhradh neo-fhoirmeil mun obair agus mun chothrom, cuir fios gu Claire NicLeòid, Comhairliche HR, air hr@mgalba.com agus cuiridh sinn air dòigh àm freagarrach airson còmhradh.

Bu chòir dhut do thagraidh a chur a-steach ro 2f 7 Iuchar 2021 gu hr@mgalba.com. Cha tèid beachdachadh air tagraidhean a thèid an cur a-steach an dèidh seo.

Thèid agallamhan a chumail Dimàirt 27 Iuchar 2021 tro Teams.

Le dùrachd



Dòmhnall Caimbeul
Àrd-Oifigear

MU AR DEIDHINN

Cò sinn?

Tha MG ALBA (Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig) a' ruith na seanail Ghàidhlig **BBC ALBA** ann an com-pàirteachas leis a' BhBC. Tha uallach oirnn cuideachd airson **FilmG**, ann an co-obrachadh le Cànan Graphics Studio, agus thathas a' libhrigeadh **LearnGaelic** ann an co-bhanntachd leis a' BhBC, Bòrd na Gàidhlig, Sabhal Mòr Ostaig agus Bòrd na Ceiltis (Alba).

Tha fiosrachadh cudromach mu ar n-amasan agus ar toraidhean airson na bliadhna seo ri fhaighinn nar [Plana Obrachaidh 2020/21](#).

Càite bheil sinn?

Tha ar prìomh oifis ann an Steòrnabhagh, le oifis cuideachd ann an Glaschu, agus làthaireachd ann an Inbhir Nis. Tha an dreuchd seo stèidhichte ann an Steòrnabhagh.

Ar Luchd-obrach & Am Bòrd

Tha 43 [neach-obrach](#) againn, le [Bòrd](#) de 9.



Ar n-Àrainneachd Obrach

Thathas ag obair le dòigh obrach firinneach, fosgailte agus eadar-obrachail. Tha guth gach neach nar sgioba a' cunntadh. Thathas a' co-roinn nas urrainn dhuinn de dh'fhiosrachadh gus am bi fios aig gach neach ciamar a tha am buidheann a' dèanamh, ciamar a tha sinn uile a' cur ri sin agus ciamar as urrainnear a bhith fiùs nas fheàrr nar n-obair.



Thathas pròiseil gun do choilean sinn barantachadh bhon taobh a-muigh bho *Broadcast Best Places to Work in TV* airson còig bliadhna co-leantail (2016-2020), Inbhe Airgid bho *Creideas nar Cosnaichean* agus Inbhe Òir bho *Creideas nar Cosnaichean Òga*. Thathas dealasach ann a bhith a' dèanamh nas urrainn dhuinn gu bheil ar daoine falainn agus air an coimhead às an dèidh, ag obair le *Healthy Working Lives Awards* gus seo a choileanadh.

Ullachaidhean Chorporra agus Shòisealta

Mar bhuidheann, thathas làn dhealasach mur Ullachaidhean Chorporra agus Shòisealta, a tha air an coileanadh ann an ioma dòigh, nam measg tro ar Poileasaidh Àrainneachd, ar Poileasaidh Fastaidh agus ann an tabhartasan seach airgead chun choimhearsnachd agus buidhnean carthannais. Thathas gu cunbhalach a' toirt seachad eòlas saor an-asgaidh agus uidheamachd gu tachartasan ionadail togail airgid, dannsan carthannais, farpaisean cheist, cuirmean dhuaisean agus bithear cuideachd a' toirt taic do riochdachadh bhidiothan foillseachadh carthannais, tachartasan spòrs, bùithtean-obrach cultarail agus foghlaim agus tachartasan film/Mòd.

Ar Luachan

Is e na luachan againn na prìomh phrionnsabalan a tha a' stiùireadh ar n-obrach. Bidh iad a' dearbhadh ar prìomhachasan agus mar bhunait air an dòigh sa bheil sinn ag obair anns gach nì a bhios sinn a' dèanamh.

Cruthachalachd

- Tha sinn a' comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Ghàidhlig

Luchd-amhairc

- Tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd-amais

Àrd-amas

- Tha sinn ag amas air agus a' libhrigeadh sàr-mhathas

Co-bhanntachd

- Tha sinn a' coileanadh tro cho-obrachadh

Spèis

- Tha sinn ag èisteachd; tha sinn a' brosnachadh; tha sinn cothromach

AN DREUCHD

Cùl-fhiosrachadh

Tha na meadhanan Gàidhlig, coltach ri gach meadhan eile, a' dol tro atharrachadh brìgheil.

Bidh an t-Obraiche Teicneòlais ag obair mar phàirt den Sgioba Obrachaidh air gnothaichean stiùidio agus iar-riochdachaidh, an dà chuid taobh a-staigh goireasan craolaidh MG ALBA agus ag obair aig astar. Airson a' mhòr-chuid den t-seachdain bidh an neach a' deasachadh agus a' measgachadh stuthan fuaim airson stuthan taisbeanaidh na seanail.

Thèid trèanadh a thoirt seachad air pìosan sònraichte de na sruthan-obrach agus thèid dèanamh cinnteach gu bheil sibh làn-uidheamaichte an obair a choileanadh.



An Neach

Bidh na prìomh feartan a leanas aig an tagraiche freagarrach againn:

- Deònach a bhith mar phàirt de sgioba trang is beothail
- Math air obrachadh fo chuideam
- Sàr sgilean eadar-phearsanta agus conaltraidh
- Ùidh mhòr ann an obair riochdachaidh TBh
- A bhith math mar phàirt de sgioba
- Toirt aire mhath air mion-fhiosrachadh
- Deònach a bhith a' gealltainn ionnsachadh san obair, le taic bho leasachadh proifeasanta agus teisteanasan on taobh a-muigh.

FIOSRACHADH TAGRAIDH

Prìomh Chinn-là

Tagraidhean a' fosgladh 23 Ògmhios 2021
Deit Dùnaidh 7 Iuchar 2021
Agallamhan 27 Iuchar 2021, tro Teams

Pròiseas Taghaidh

Tha am pròiseas taghaidh air a chur a-mach ann am [Poileasaidh Fastaigh MG ALBA](#).

Pannal Taghaidh

Manaidsear-loidhne le taic bhon Chomhairliche HR.

Sgrùdadh Co-ionannachd Chothroman

Tha sinn nar fastaichean co-ionannachd chothroman agus bithear a' cumail sgrùdadh air dàta fastaidh. Cuiribh crìoch air an fhoirm an cois seo, a tha a rèir reachdas GDPR.

Tagraichean Ciorramach

Cuirear fàilte air tagraidhean bho dhaoine ciorramach agus tha sinn a' gabhail pàirt san Sgeama Agallamh Barantas Obrach airson tagraichean a tha air iad fhèin a mheasadh mar chiorramach agus a tha a' coileanadh nan slatan-tomhais aig an ìre as ìsle airson dreuchd bhàn.

Rèitearan

Thèid fios a chur gu dà rèitire nuair a thèid gabhail ri tairgse obrach cumhach. Cha tèid fios a chur gu rèitire gun ur cead.

Dàimh le Ball Bùird / Oifigear / Strì eadar Chom-pàirtean

Bu chòir dàimhean le buill bùird no luchd-obrach, no strì chom-pàirtean ann an dà-rìribh na dh'fhaodadh a bhith air fhaicinn mar strì chom-pàirtean a chur am follais san tagradh.

GDPR

Thèid dàta pearsanta taobh a-staigh ur tagradh a phròiseasadh, a chumail agus a chur ann an tasglann/cur às dheth a rèir [Sanas Priobhaideachd MG ALBA](#).



GEÀRR-IOMRADH AIR TEIRMEAN IS CUMHAICHEAN NA H-OBACH

Ìre	Ìre B2
Tuarastal	£22,742-£24,093 gach bliadhna
Fòrladh bliadhnail	25 là + 12 saor-làithean poblach
Peinnsean	Sgeama Peinnsein Tabhartas Sònraichte, cuiridh MG ALBA 10% den tuarastal bliadhnail, a' dol suas gu 15% ma chuireas an neach-obrach tabhartas de 5% ris
Bàs ann an Seirbheis	4 x Tuarastal Bliadhnail
Sochairean Eile	Gus dòigh beatha fhallain a bhrosnachadh thathas a' tairgse ballrachd talla-spòrs. Tha dòighean-obrach math teaghlaich agus sùbailte againn agus thathas a' tairgse sgeama bileag chloinne.

Sgeama Pàigheadh Tinneis

Seirbheis suas gu dà bhliadhna	Làn-pàigheadh 1-mhios agus leth-pàigheadh 1 mhios, ann an aon bhliadhna
An-dèidh seirbheis 2 bhliadhna	Làn-pàigheadh 2-mhios/leth-pàigheadh 2 mhios, ann an aon bhliadhna
An dèidh seirbheis 3 gu 4 bliadhna	Làn-pàigheadh 3-miosan/leth-pàigheadh 3 mìosan, ann an aon bhliadhna
An-dèidh seirbheis 5 bliadhna	Làn-pàigheadh 4-miosan/leth-pàigheadh 4 mìosan, ann an aon bhliadhna

Ionnsachadh & Leasachadh

Tha e riatanach gum bi plana Ionnsachaidh agus Leasachaidh aig gach neach-obrach a ni comasach dhaibh fàs nas èifeachdaich nan obair agus na h-amasan bliadhnail obrach aca a choileanadh.

Gàidhlig

Is e a' Ghàidhlig cànan obrach MG ALBA. Feumaidh an dreuchd seo ìre àrd de Ghàidhlig. Thèid taic a thoirt do thagraichean sam bith a tha airson an cuid Gàidhlig a leasachadh.

Tuilleadh Fiosrachaidh

Airson còmhradh neo-fhoirmeil mu phìos sam bith den obair, cuiribh fios gu hr@mgalba.com agus thèid àm freagarrach a chur air dòigh airson còmhradh.

DEALBH-OBACH

Tiotal-obrach	Obraiche Teicneòlais	Ìre	B2	Uaireannan Seachdainneach	37
Amas	Taic a thoirt seachad ann an raon de dh'obair teicnigeach taobh a-staigh na Sgioba Obrachaidh a' libhrigeadh goireasan craolaidh aig MG ALBA				
Cunntachail do	Mhanaidsear Obrachaidh (Goireasan)				
Le uallach airson	Uidheam stiùidio MG ALBA agus stuth airson BBC ALBA. Tha cothroman trànaidh is leasachaidh air an toirt seachad gus dèanamh cinnteach gun urrainn don luchd-dreuchd comas a nochdadh thar raon dhleastanasan taobh a-staigh na roinne.				
Dàimhean obrach	Tha neach-dreuchd na phàirt den Sgioba Obrachaidh agus obraichidh e leis a' Mhanaidsear Obrachaidh (Goireasan) agus leis a' Mhanaidsear Obrachaidh (Teicneòlas). Feumaidh neach-dreuchd cuideachd a bhith ag obair gu dlùth leis an sgioba Susbaint is Seanail, an sgioba-obrach as fharsainghe aig MG ALBA, solarachan, com-pàirtichean agus luchd-dèiligidh.				
Prìomh Thoraidhean	<ul style="list-style-type: none"> • Dèan cinnteach gu bheil stiùidiothan MG ALBA ag obair an-còmhnaidh • Ag obair mar phàirt de sgioba a' dèanamh cinnteach gu bheil gach uidheamachd ag obair mar bu chòir, agus gun tèid duilgheadasan sam bith innse don Mhanaidsear Obrachaidh (Goireasan) agus don Mhanaidsear Obrachaidh (Teicneòlas) • A' gealltainn gu dealasach a thaobh leasachadh proifeasanta, cleachdadh Gàidhlig san àite-obrach, suidheachadh amasan agus measaidhean dèanadais. Thèid obair ann an àrainneachd ionnsachaidh a thoirt seachad gus eòlas agus eòlas air an dreuchd a leudachadh tro thrèanadh foirmeil is neo-fhoirmeil, coidseadh agus eòlasan obrach eile. 				
Prìomh gnìomhan	<p>Obraichean Fuaim</p> <ul style="list-style-type: none"> • Cleachdadh bathar-bog Pro Tools • A' clàradh guthan-thairis • A' rèiteachadh uidheamachd conaltraidh <p>Obraichean sealladh <i>vision</i></p> <ul style="list-style-type: none"> • Obrachadh uidheamachd slighe bhidio analogue agus didseatach • Rèiteachadh agus obrachadh chlàradairean bhidio agus frithealaichean • Rèiteachadh agus obrachadh measgachaidhean seallaidh • Sùil a chumail air camarathan <p>QC</p> <ul style="list-style-type: none"> • Dèan pròiseasan smachd phrògraman agus na mìrean eadar nam prògraman mus tèid an craoladh <p>Seòmraichean Deasachaidh</p> <ul style="list-style-type: none"> • Deasachadh bunaitich de dhiofar mheadhanan • A' deasachadh nam mìrean eadar nam prògraman • Tar-chòdadh mheadhanan • Cuidich leis an Sgioba Susbaint le libhrigeadh faidhle, atharrachadh faidhle agus stuthan sanasachd airson BBC Online • Taic deasachaidh airson pròiseactan agus tachartasan me FilmG, taisbeanaidhean, obair carthannais <p>Pròiseactan Roinneil</p> <ul style="list-style-type: none"> • Cur ri chèile uidheamachd camara / obair cuideachaidh airson obair craolaidh taobh a-muigh agus riochdachaidhean companaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil a' coinneachadh ri feumalachdan riochdachaidh agus stiùiriche 				

	<ul style="list-style-type: none"> • Cur ri chèile uidheamachd claisneachd / obair cuideachaidh airson obair craolaidh taobh a-muigh agus riochdachaidhean companaidh, a’ dèanamh cinnteach gu bheil a’ coinneachadh ri feumalachdan riochdachaidh agus stiùiriche <p>Càileachd & Inbhean</p> <ul style="list-style-type: none"> • Dèanamh cinnteach gu bheil a’ cumail ri reachdas Slàinte is Sàbhailteachd agus na cleachdaidhean as fheàrr • Dèanamh cinnteach gu bheil uidheamachd MG ALBA ann an deagh òrdugh fad na h-ùine • Ceangal leis an Sgioba Susbaint gus dèanamh cinnteach gu bheil nam mirean eadar nam prògraman air an crìochnachadh gu ceart agus ann an àm • Ceangal le luchd-dèiligidh gus dèanamh cinnteach gu bheil toradh leantainneachd air a chrìochnachadh a rèir ìrean craolaidh a’ BhBC • Dèanamh cinnteach gu bheil a’ coinneachadh ri feumalachdan reusanta luchd-dèiligidh • Dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile ceòl a chaidh a chleachdadh ann an sanasachd air a chlàradh agus clàran ceart air an cumail • Dèanamh cinnteach gu bheil clàradh de phrògraman stiùidio air a dhèanamh ann an dòigh proifeasanta • A’ trèanadh oileanaich greis gnìomhachais samhraidh ann an obair stiùidio
<p>Sgilean bunaiteach</p>	<p>Bu chòir na seataichean sgilean agus comasan a leanas a bhith aig neach-dreuchd:</p> <p><u>Deatamach</u></p> <ul style="list-style-type: none"> • Ùidh mhòr ann an riochdachadh telebhisean. • Comas obrachadh gu targaidean agus an coileanadh. • Dòigh-obrach rianail a thaobh obair agus aire làidir gu mion-fhiosrachadh. • Sàr sgilean eagrachaidh agus dealbhaidh. • Sàr sgilean eadar-phearsanta agus conaltraidh (labhairteach agus sgrìobhte). • Comas àrd dhàimhean obrach a thogail agus a chumail taobh a-staigh MG ALBA agus taobh a-muigh le luchd-dèiligidh, solaraichean agus com-pàirtichean. • Comas prìomhachas a thoirt do eallach obrach, comas a bhith ag obair a rèir cinn-ama teann agus fo chuideam agus neart a bhith agad le dòigh socair • Comas a bhith fèin-tòiseachail agus a bhith ag obair gun stiùireadh. • Comas fuasgladh chruaidh cheistean mar a dh’fheumar agus dùil ri cùisean ro-làimh, a’ toirt seachad fhuasglaidhean, mholaidhean agus àrdachadh mar a bhios iomchaidh. • Comas a bhith ag obair gu sùbailte, a’ toirt a-steach beagan obair deireadh-sheachdain nuair a bhios feum air. • Sgilean math IT agus rianachd • Neach-labhairt Gàidhlig (ag ionnsachadh no fileanta) <p><u>Feumail</u></p> <ul style="list-style-type: none"> • Eòlas ann an àrainneachd gnìomhachas cruthachail • Tuigse bhunasach air teicneòlas riochdachaidh • Eòlas le Pro Tools agus bathar-bog Adobe Premiere Pro, no an leithid • Eòlas Craolaidh / Rìochdachaidh • Teisteanas Meadhanan no Rìochdachadh no eòlas buntainneach
<p>Fad na h-obrach</p>	<p>Làn thìde</p>